

Cuibhle an Fhortain le Mòrag Law - ceistean

1. Cuibhle an Fhortain. Tha Pete a' dèanamh bargan fhad 's a tha e ag ùrnaigh ach chan eil cùisean a' tighinn gu fuasgladh ann an dòigh 's a bha dùil aige. An tug seo iongnadh oirbh? Ciamar a tha seo co-cheangailte ri tiotal an sgeul?
2. Acras. Cò na caractaran a tha acrach anns an sgeul seo – agus carson? A bheil iad uile ag iarraidh an aon rud?
3. Seudan na Mara. Ciamar a tha an sgeul seo diofraichte bho na sgeulachdan eile anns a' chruinneachadh? Agus dè na dòighean anns a' bheil e ceart coltach riutha?
4. Eadar Humpty Doo is Jabiru. Tha àrrainneachd Astràilia is cultar nan Tùsanach gu math foilleasach anns an sgeul seo – dè am buaidh a th'aca air cuspair na sgeòil?
5. Mìosachan. 'S e *Flash Fiction* a th'ann agus mar sin tha e an urra ris an leughadair obrachadh a-mach an dàimh eadar nan caractaran agus dè dìreach a tha air tachairt dhaibh - m.e.
Cò a' chailleach air a bheil an neach-aithris a' tadhal?
De an dàimh eadar ise is Sìne?
Cò tha Kryz, Dan is Donna?
Dè tha air tachairt do Shìne?
Cò an neach-aithris ?
6. Madainn Mhath. Tha an sgeul seo mu dheidhinn luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig is an dàimh leis an tutair aca . Dè na rudan as cudromaiche a tha na h-oileanaich ag ionnsachadh anns a' chlas – agus dè na rudan cudromach a dh'ionnsaich an tutair cuideachd? An do ionnsaich sibhse, mar leughadairean, dad sam bi bhon sgeul seo?
7. Ag Innse na Fìrinn. Ged a tha Ailean is Mairead cho dlùth ri chèile mar chupall, tha iad a' cumail rudeigin dìomhair bho chèile. Carson a tha e cho duilich dhaibh bruidhinn mu shlàinte Mhaireid?
8. Còirichean Bhoireannach. Chan eil Annag is Don ag aithneachadh gu bheil an nighean aca a' tighinn gu inbheachd agus tha iad fhathast a' smaoinneachadh oirre mar chaileag bheag mhodhail. A bheil sibh a' smaoinneachadh gur e rud cumanta a tha seo, a-measg phàrantan san fharsaingeachd?

9. Reòiteag Ghorm. Tha an t-sìde a' nochdadh gu tric mar iomhaigh anns an sgeul. Carson?
10. Bean na Bainnse. Tha an sgeul seo mu dheidhinn dèiligeadh le call. Dè cho soirbheicheil 's a tha Rob is Debi air a bhi, a' dèiligeadh leis a' chall uamhasach acasan?
11. An Cridhe Falamh. Dè seòrsa fear òg a th'ann an Adhamh – dè am *back-story* a dh'fhaodadh a bhi aige? Saoil dè an aois a tha e, co às a tha e, carson a tha e a' dèanamh an obair seo? Dè tha an tatù aige a' ciallachadh an comas ri tatù an tè Maori?
12. Comharraidhean Earraich. Sgeul eile mu chall uamhasach. Ciamar a tha Sandie a' faireachdainn aig toiseach an sgeul? A bheil seo air atharrachadh aig an deireadh? Am faigh i idir thairis air dè tha air tachairt?
13. A Bruidhinn ri Strainnsearan. Dè dìreach a tha am facal "strainnsearan" a' ciallachadh? Daoine air nach eil sin eòlach no daoine air a bheil sin gu math eòlach? Cò nan fheadhainn as cunnartaiche?
14. Aig Deireadh an t-Samhraidh. Ged a tha guth-seinn Ginny a' crìonadh, dè na sgilean is tàlantan aice a tha fhathast làidir?